MG

# ALBA

## PASGAN FASTAIDH

# CLÀR-INNSE


| | |
|---|---|
| FÀILTE | 3 |
| AR SAOGHAL | 4 |
| AR LUACHAN | 5 |
| TUAIRISGEUL OBRACH | 6 |
| SGILEAN AGUS EÒLAS | 8 |
| SANAS AGUS STIÙIREADH AIRSON TAGRADH | 10 |

***Facal bhon Àrd-Oifigear…***

Tha sinn a' sireadh Riochdaire Dreach na Seanail & Labhraiche pàirt-ùine airson a thighinn còmhla ris an sgioba againn ann an Steòrnabhagh. Mar Riochdaire Dreach na Seanail & Labhraiche cuidichidh sibh le bhith a' cumadh dearbh-aithne MG ALBA thar ar n-ùrlaran.

Is e cothrom a tha seo don neach cheart a thighinn còmhla rinn fhad 's a tha sinn ag atharrachadh gus coinneachadh ri feumalachdan ar luchd-amhairc agus luchd-cleachdaidh a tha ag atharrachadh gu luath.

Is e àm brosnachail a th' ann a bhith mar phàirt de rudeigin luachmhor, cruth-atharrachail agus dìleab a chruthachadh don luchd-ùidh againn san àm ri teachd.

Anns a' phasgan seo gheibh sibh an sanas, an tuairisgeul obrach, an sònrachadh pearsanta agus stiùireadh airson tagradh a chur a-steach.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri ur tagradh.



***Dòmhnall Caimbeul***
***19/5/25***

# AR SAOGHAL






## GÀIDHLIG ANNS GACH ÀITE





## AIRSON GACH NEACH

BBC ALBA

Learn Gaelic

Speak Gaelic

FILMG

# AR LUACHAN

## CRUTHACHALACHD

Tha sinn a’ comasachadh cruthachadh sàr-shusbaint Gàidhlig

## LUCHD AMHAIRC

Tha sinn air ar fiosrachadh agus air ar brosnachadh le ar luchd-amhairc

## ÀRD-AMAS

Tha sinn ag amas air agus a’ lìbhrigeadh sàr-mhathais

## CO-BHANNTACHD

Tha sinn a’ coileanadh tro cho-obrachadh

## SPÈIS

Tha sinn ag èisteachd; tha sinn a’ brosnachadh; tha sinn cothromach



## Riochdaire Dreach na Seanail & Labhraiche (Pàirt-ùine)

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| **Tiotal-obrach** | **Riochdaire Dreach na Seanail & Labhraiche** | **Ìre** | **C2** | **Uairean seachdaineil** | **22.5** |

| | |
|---|---|
| **Àite** | Steòrnabhagh |
| **Raon tuarastail** | £32,754 - £36,948 (*pro rata*) |
| **Adhbhar** | A bhith a' cur guth agus a' riochdachadh nam pìosan eadar nam prògraman airson TBh loidhneach BBC ALBA agus a' stiùireadh an luchd-amhairc gu susbaint BBC ALBA. |
| **Cunntachail gu** | Manaidsear Dreach na Seanail & Labhraiche |
| **Ag obair le** | In-taigh – Ceannard Foillseachaidh, Sgioba Teicnigeach, sgiobaidhean Comiseanaidh, Susbaint agus Foillseachaidh, agus Sgioba ALBA<br>Taobh a-muigh – Solaraichean bhon taobh a-muigh; Co-obraichean bhon BhBC; Luchd-obrach neo-cheangailte agus Luchd-cruthachaidh Susbaint bhon taobh a-muigh |
| **Amasan** | • Ceangal a dhèanamh ri luchd-amhairc air seanail loidhneach TBh, stiùir luchd-amhairc gu susbaint BBC ALBA & iPlayer le ceanglaichean agus susbaint promo.<br>• Stiùir a thoirt tron chlàr loidhneach.<br>• Dèan cinnteach gun tèid pasgain de na pìosan eadar nam prògraman a lìbhrigeadh ann an deagh àm agus gu ceart. |
| **Prìomh Thoraidhean** | • Lìbhrigeadh ùineail, iomlan, ceart agus èifeachdach de phasgain de na pìosan eadar nam prògraman gach seachdain.<br>• Glèidheadh luchd-amhairc air seanail loidhneach TBh agus barrachd luchd-amhairc air loidhneach & iPlayer.<br>• Co-thaobhadh eadar na pìosan eadar nam prògraman le ro-innleachd margaidheachd.<br>• Conaltradh cunbhalach agus soilleir, le sgioba margaidheachd, sgioba susbaint agus ceannardan roinnean.<br>• Riochdachadh èifeachdach de stuth eadar-roinneil, a' gabhail a-steach planadh èifeachdach a' coimhead air adhart ri amannan nas trainge. |
| **Prìomh dhleastanasan:** | • A' stiùireadh stuthan airson pasgain eadar nam prògraman.<br>• A' labhrach cheanglaichean gutha.<br>• A' stiùireadh cruthachadh stuthan sanasachd a-staigh.<br>• A' stiùireadh phasgain eadar nam prògraman.<br>• A' sgrìobhadh is a' cur guth air *promos* a tha a rèir dearbh-aithne na seanail.<br>• A' cruthachadh teacsa airson a h-uile grafaig air-adhair.<br>• Lèirmheas deasachaidh air pasgain eadar nam prògraman a rinn co-obraichean. |

- A’ dèanamh cinnteach gun tèid a h-uile stuth *promo* a lìbhrigeadh bho sholaraichean bhon taobh a-muigh ann an deagh àm.
- A’ dèanamh cinnteach gu bheil am pasgan deireannach a rèir riatanas clàr-ama agus gun tèid e tro sgrùdaidhean deasachaidh agus gun tèid a lìbhrigeadh ann an àm.
- Planadh air adhart airson eadar phrògraman clàr-ama TBh le sgiobaidhean coimiseanaidh, susbaint agus foillseachaidh.
- A' tasgadh a h-uile stuth eadar-roinneil & pàipearan taiceil.
- A' cuideachadh agus a' cruthachadh stuthan sanasachd seanail.
- Taic do cho-obraichean le susbaint, caipseanan agus stiùireadh coimhearsnachd airson ùrlaran didseatach BBC ALBA far an gabh sin dèanamh

**Fad a’ chùmhnaint:** Airson 12 mìosan

## Sgilean agus Eòlas

| | Riatanach | Miannaichte |
|---|---|---|
| **Sgilean / Eòlas** | • Ìre mhath de thuigse air teicneòlas craolaidh, àrainneachd stiùidio, deasachadh, le teisteanasan ìre inntrigidh ann am meadhanan craolaidh ma ghabhas a bhith. | |
| **Eòlas** | • Dòigh-smaoineachaidh deasachaidh | |
| **Sgilean** | • Sgilean taisbeanaidh sàr-mhath<br>• Eòlas sgrìobhaidh & guth-thairis<br>• Sàr sgilean rianachd ùine<br>• Ìre àrd de sgilean IT agus sàr thuigse air ùrlaran mheadhanan sòisealta<br>• Ag obair gu math le daoine eile agus ag obair ann an com-pàirteachasan buannachdail le buill sgioba eile agus treas phàrtaidhean<br>• Sàr sgilean conaltraidh<br>• Comas fuasgladh cheistean agus co-òrdanachadh diofar phàrtaidhean sa phròiseas riochdachaidh | |
| **Feumalachdan cànain** | • Fileanta sa Ghàidhlig le sàr sgilean labhairt is sgrìobhte | |
| **Modhan-giùlain** | • Math ann an sgioba<br>• An-còmhnaidh dìcheallach le aire mhionaideach gu mion-fhiosrachadh<br>• A' taisbeanadh iomairt agus spionnadh cruthachail<br>• Sùbailte agus fèin-bhrosnaichte<br>• Dealasach a thaobh leasachadh proifeiseanta, suidheachadh amasan agus dèanadas.<br>• Fèin-tòiseachaidh agus an comas prìomhachas a thoirt do dh'uallach obrach, comas | • Fìor ùidh agus eòlas follaiseach ann am margaidheachd & meadhanan sòisealta<br>• Ìre àrd de sgilean eagrachaidh |

| | | |
|---|---|---|
| | obrachadh fo chuideam agus fulangas le dòigh-obrach chiùin.<br>• A' nochdadh comas air ionnsachadh gu luath<br>• Cothrom a bhith ag obair gu sùbailte agus siubhal gu cunbhalach gu tachartasan gnìomhachais.<br>• Dòigh-smaoineachadh 'can do'.<br>• Ionracas<br>• Earbsachd<br>• Sgilean eadar-phearsanta | |

## Sanas

Mar Riochdaire Dreach na Seanail & Labhraiche bidh uallach oirbh airson nan ceanglaichean eadar nam prògraman a chuir an cèill, a rèir ro-innleachd luchd-amhairc margaidheachd, lìbhrigeadh ùineail agus ceart de phasgain eadar nam prògraman gach seachdain, maoin sanasachd loidhneach agus lèirmheas deasachaidh air *junctions* MG ALBA.

Bidh sibh an cois buidheann aig fìor thoiseach solar nam meadhanan Gàidhlig, a' cumadh agus a' daingneachadh ar tabhartasan san àm ri teachd.

Airson a bhith soirbheachail san dreuchd seo, bidh sàr sgilean fileanta sa Ghàidhlig agaibh le tuigse làidir air teicneòlas craolaidh, àrainneachdan stiùidio, deasachadh agus ma ghabhas a bhith, ìre inntrigidh sna meadhanan craolaidh.

Còmhla ri tuarastal tarraingeach, bidh cothrom agaibh cuideachd air raon de shochairean, a' gabhail a-steach:

- Sgeama peinnsein - 10% tabhartas bhon chompanaidh, 5% a bharrachd ma thèid a mhaidseadh
- 31 làithean-saora bliadhnail agus 6 làithean-poblach (pro rata)
- Cothroman ballrachd *gym*
- Cleachdaidhean obrach sùbailte agus càirdeil do theaghlaichean
- Sgeama Rothaireachd gu Obair
- Ag obair airson fastaiche a fhuair aithne mar Creideas nar Cosnaichean (Òr), A' Cur Luach ann an Sunnd (Coitcheann) agus Creideas nar Cosnaichean Òga (Òr).

Ceann-latha dùnaidh airson tagraichean – **Dihaoine 6 Ògmhios 2025,** cha ghabhar ri tagraichean fadalach.

**Stiùireadh airson Tagradh:**
Feuch an cuir thu do CB agus litir-chòmhdachaidh gu laura.rennie@mgalba.com a' mìneachadh carson a bu chòir beachdachadh ort agus do thuigse air mar as urrainn dhut an dreuchd a choileanadh gu soirbheachail.

# MÒRAN TAING!